

23 Faoilleach 2024

A phàrtaidh/neach-cùraim chòir,

San t-Samhain 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Àrd-sgoil Ullapuil. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

- Bidh daoine òga ag ionnsachadh ann an àrainneachd choibhneil agus thaiceil, a tha air a neartachadh le dàimhean spèiseil air feadh coimhearsnachd na sgoile. Bidh daoine òga a' coimhead às dèidh càch a chèile.
- Tha an ceannard air ùrachadh a stiùireadh air lèirsinn, luachan is amasan. Tha seo a' tòiseachadh air piseach a thoirt air slighe ro-innleachdail na sgoile. Tha ullachaidhean airson a bhith a' sgrùdadh agus a' measadh obair na sgoile a' fàs nas fheàrr.
- Bidh com-pàirtichean ag obair gu h-èifeachdach le luchd-teagaisg na sgoile gus taic a chumail ri sunnd dhaoine òga. Tha builean adhartach air a bhith ann do dhaoine òga mar thoradh air seo, leithid adhartas nas fheàrr do na daoine òga a tha feumach air taic a bharrachd san ionnsachadh aca.
- Tha àrd-stiùirichean agus luchd-teagaisg a' cur mhodhan-obrach soirbheachail an gnìomh gus coileanadh àrdachadh. Tha coileanadh dhaoine òga a' dol am feabhas ann an raointean leithid litearrachd. Bidh cha mhòr a h-uile duine òg a' dol a-steach a dh'obair, foghlam àrd-ìre no foghlam adhartach nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do thidsearan barrachd feart a thoirt air fiosrachadh bho mheasadh gus am planadh ionnsachaidh agus teagaisg aca fhiosrachadh. Còmhla ri àrd-stiùirichean, bu chòir do thidsearan sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air adhartas dhaoine òga agus sealladh farsaing a bhith aca air an sgilean, coileanadh agus adhartas thar ùine.
- Bu chòir do dh'àrd-luchd-stiùiridh cumail orra ag obair gu dlùth còmhla ris an luchd-obrach air fad, le pàrantan/luchd-cùraim agus daoine òga. Tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil an dealbhadh uile airson leasachadh colaisteach, air a dheagh phlanadh, le stòrasan gu leòr agus air a mheasadh gu math. Tha feum air togail sgilean ceannais air feadh na sgoile.
- Bu chòir do dh'àrd-luchd-stiùiridh cumail orra a' planadh gu ro-innleachdail airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, gu h-àraidh leis gu bheil deagh àrdachadh air a bhith ann an àireamhan nan sgoilearan aig ìre na bun-sgoile. Bu chòir na h-àireamhan a tha a' dèanamh dhuaisean agus teisteanasan ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a bhith nas àirde.

- Bu chòir do luchd-teagaisg cumail orra a’ planadh adhartas sa churraicealam gus feumalachdan nan daoine òga air fad a choileanadh. Bu chòir seo dèanamh cinnteach gun coilean na daoine òga uile an làn chomais, gu sònraichte na daoine òga a tha a’ coileanadh aig an ìre as àirde.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagra\)](#). Bidh comharran càileachd a’ cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh’fheumas leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a’ cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a’ dèanamh.

Gheibhear gu h-ìosal na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Àrd-sgoil Ullapuil

Taisbeanairean càileachd	Luachadh
A’ stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A’ dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4mh eagra), Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Sgrùdadh agus Lèirmheas | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a’ leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a’ cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile, mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh